

Tha TOOLS maoinichte le taic bhon Choimisean Eòrpach. 'S e beachdan an ùghdair a-mhàin a tha sa bhileig seo agus chan fhaodar uallach a chur air a' Choimisean airson mar a chleachdar am fiosrachadh an seo ann an dòigh sam bith.



**Nach cruinnich sinn ar pròiseactan còmhla?
Cuiribh fios gu TOOLS an-dràsta
Post-d ka@sde.dk**



Tha TOOLS air cùrsa a thogail air co-obrachadh agus com-pàirteachadh


Ma tha sibh an sàs ann am pròiseact (no ma tha sibh air fear a dhèanamh mar-thà) nach tig sibh „air bòrd“ gus na toraidhean agaibh a thoirt do dhaoine eile? Ma dh'obraicheas sinn còmhla ruigidh sinn ar luchd-cleachdaidh agus bidh buaidh mhòr againn. Le iomlaid fiosrachaidh cha bhi feum againn air a' chuibhle a dhèanamh às ùr.

'S e th' ann an TOOLS (Tools for CLIL Language Teachers) ach pròiseact air a mhaoineachadh leis an EC airson inneal air-loidhne a leasachadh a chuidicheas CLIL (Content and Language Integrated Learning).

Dh'fhaodadh làrach-lìn POOLS agus TOOLS ceangal a chur dha na toraidhean agaibh fhèin. Tron làrach-lìn gheibhear innealan air-loidhne eile, bhideothan, stuthan-teagaisg agus stiùiridhean a ghabhas cleachdadh nur pròiseactan fhèin.

Leumaibh air bòrd leis na sgiobaidhean TOOLS is POOLS: ka@sde.dk





Amasan: Leasaichidh Pròiseact TOOLS seirbheis air-loidhne (an asgaidh) a chuidicheas luchd-teagaisg ann an colaistean, oilthighean, agus ionadan ionnsachaidh inbheach eile gus duilleagan ioma-mheadhanach bheairteach a chruthachadh far am bi gach facal air a cheangal le faclairan air-loidhne ann an còrr is ceud cànan.

Bidh am pròiseact ag amas air inneal air-loidhne a thogail a bhios cho furasta a chleachdadh gun tèid aig neach-teagaisg sam bith a tha comasach air Facebook no a leithid stuthan-teagaisg air-loidhne a chruthachadh.

Leis gum bi an t-inneal seo air-loidhne, obraichidh e le OS sam bith (chan ann le Microsoft a-mhàin). Cuideachd bidh e comasach stuthan a chruthachadh le innealan eile, leithid iPads.

Bidh roghainn aig luchd-cleachdaidh na duilleagan a sgaoileadh saor an-asgaidh air an t-siostam a nì sinn fhèin (no siostaman eile, leithid dropbox.com), air neo faodaidh iad an luchdachadh sìos airson an cur air an làrach aca fhèin.

Bidh e comasach gach litir a gheibhear air UTF-8 a chleachdadh, agus mar sin faodar cànanan mar Ghreugais, Liotuainis, agus Arabais a sgrìobhadh.

Seallaidh na sgiobaidhean neartan an t-siostaim, agus nì iad eisimpleirean air-loidhne airson Arabais, Danmhairgis, Gaeilge na h-Èirinn, Gàidhlig na h-Alba, Liotuainis, Portagalais, agus Spàinntis.

Feumalachdan: Feumaidh luchd-teagaisg CLIL agus LWUTL an stuthan fhèin a chruthachadh (Aithisg EURYDICE 2005 *Key Data on Teaching Languages at School in Europe*) agus mar a thathas ag ràdh san aithisg ICC *The Impact of New Information Technologies and Internet on the Teaching of Foreign Languages...*: „There will be a shift from passive consumption of ready-made programmes to independent building of content, tailor made for specific groups or individuals“.

Sgaoileadh: Thèid na toraidhean a sgaoileadh tro EuroCall agus aig co-labhairtean. Togaidh an làrach-lìn air fear a tha ann mar-thà a tha a' faighinn 50,000+ luchd-tadhail gach bliadhna: www.languages.dk.

Fhad 's a bhios am pròiseact a' ruith (dà bhliadhna gu leth, tòiseachadh Faoilleach 2012) cruthaichidh na sgiobaidhean ochd cuairt-litrichean, gabhaidh iad pàirt ann an ceithir co-labhairtean, agus libhrigidh iad cùrsaichean dearbhaidh.

Bidh am pròiseact ag amas air targaid de 560 luchd-teagaisg is oileanaich (agus mar sin luchd-ionnsachaidh aig a' cheann thall). As dèidh dhan phròiseact crìochnachadh bidh cùrsaichean air-loidhne a' leantail orra, mar eisimpleir tro *Webheads* agus buidhnean eile. Mar sin bidh e a' bualadh air 2000 luchd-teagaisg aig a' char as lugha.

Leis na toraidhean sin bidh CLIL ga chleachdadh nas fharsainge san Roinn Eòrpa.

Tha sibhse cuideachd di-beathte cùrsaichean a thabhann do luchd-teagaisg a bhios stèidhichte air na stuthan an-asgaidh a thèid an leasachadh tro TOOLS.

Barrachd fiosrachaidh: Tha coimhearsnachd an luchd-cleachdaidh a' fàs mar lìonradh aig ìre ionadail. Faodaidh sibh fhèin pàirt a ghabhail ann, neo na cuairt-litrichean fhaighinn bhon làrach: www.languages.dk air neo Facebook: [facebook.com/tools4clil](https://www.facebook.com/tools4clil)

